

# Study Pack National 5 Learning & Employability



## Èisteachd 1

## (Learning)

**Susie talks about her experience of school and how she deals with exam pressure.**

Listen to the following extract and answer the questions.



### Ceistean (8 marks)

- a) What are Susie's favourite subjects? **(1)**
- b) Susie is fond of History. What information does she give about this subject? **(1)**
- c) What does she want to do in the future? **(1)**
- d) What does she often feel anxious about? **(1)**
- e) Apart from regular exercise, what else helps Susie with her anxiety?  
Give a detailed answer. **(2)**
- f) According to Susie, what is important if you want a healthy mind and body? **(2)**



## Èisteachd 2

## (Learning)

**Sanjay Singh is being interviewed about his experience of learning Gaelic and his career in Television.**

Listen to the following extract and answer the questions.



### Ceistean (12 marks)

- a) What does Sanjay's job at the BBC entail?

Choose the correct answer.

1	He presents the Gaelic news every night at 6 o'clock
2	He presents the Gaelic weather forecast after the 6 o'clock news every night
3	He presents a Gaelic sports program every weekend

- (1)
- b) In what year did he begin his job? (1)
- c) Sanjay learnt Gaelic at Sabhal Mòr Ostaig. How long did it take him to become fluent? (1)
- d) Sanjay didn't find learning Gaelic difficult. He gives many reasons for this. State **ANY TWO** things he mentions. (2)
- e) Why, according to Sanjay, does he not have a word of French now? (1)
- f) What, according to Sanjay, must you do if you want to learn a language properly? (2)
- g) Where did he learn his second language? (1)
- h) According to the interviewer, what do people say about language learning?

Choose the correct answer:

1	It is harder to learn another language if you are already bilingual
2	It is easier to learn another language if you are already bilingual
3	It is better to learn two languages at the same time

- (1)
- i) Sanjay really enjoys his job in the Gaelic world. Name **ONE** positive thing he says about it. (1)
- j) According to Sanjay, what should pupils do if they want a good job? (1)

## Leughadh 1

## (Employability)

**You read an article about Finn who volunteers for a local charity.**

An-uiridh, thòisich mi ag obair gu saor-thoileach airson carthannas ionadail. Bidh sinn a' ruith cafaidh agus banca-bìdh ann am meadhan a' bhaile mu choinneamh an ospadail. Tha an cafaidh an-asgaidh do dhuine sam bith a tha a' strì le airgead.

Mar as tric, bidh mi ag obair an dèidh na sgoile a h-uile latha eadar ceithir agus sia uairean. Uaireannan bidh mi ag obair feasgar Disathairne ma tha an cafaidh trang. Bidh mi ag obair anns a' chidsin; a' còcaireachd agus a' glanadh. 'S e biadh math, sìmplidh a bhios sinn a' dèanamh anns a' chafaidh.

Anns a' bhanca-bìdh, bidh mi a' lìonadh bhogsaichean le biadh. Anns a h-uile bogsa, bidh sinn a' feuchainn ri biadh ùr, fallain a chur ann, mar eisimpleir measan, glasraich agus bainne. Anns gach bogsa, bidh sinn cuideachd a' cur feòil agus iasg, ach tha iad sin ann an crogain-tiona.

Bidh a h-uile seòrsa neach a' cleachdadh a' bhanca-bìdh — daoine a tha ag obair agus daoine a tha gun obair. Anns an latha a th' ann, tha a h-uile càil cho daor 's gu bheil daoine ann an obraichean proifeiseanta mar nursaichean agus tidsearan a' strì le airgead. Uaireannan bidh nàire air daoine tighinn a-steach agus mar sin feumaidh an luchd-obrach dèiligeadh riutha le spèis agus coibhneas.

Dh'ionnsaich mi mòran sgilean ùra anns an obair seo; mar eisimpleir: a bhith ag obair ann an sgioba, sgilean còcaireachd agus deiligidh ris a' phoball. Bidh na sgilean sin feumail ann an obraichean eile. Tha an obair a' còrdadh rium. Chan eil mi a' faighinn sgillinn ruadh air a shon ach tha mi coma. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil an obair nas cudromaiche na an t-airgead.



### Ceistean (10 marks)

- Where in the town centre are the cafe and foodbank situated? **(1)**
- When does Finn usually work? **(2)**
- At the foodbank, how does Finn describe the kind of food they try to put in every box? **(1)**
- How do staff deal with people that are embarrassed when they come in to the foodbank? **(2)**
- Finn mentions 3 new skills he has learned in his job. Name **ONE** of them. **(1)**
- Finn doesn't earn a penny for the work he does.
  - How does he feel about this? **(1)**
  - Why does he feel like this? **(2)**



## Leughadh 2 (Employability)

### ***You read an article about a student's summer job.***

Is mise Màrtainn MacDhonnchaidh. 'S e oileanach a th' annam ann an Oilthigh Dhùn Èideann. Tha mi air a' chiad bhliadhna a' dèanamh ceum ann an Gàidhlig agus Nuadh Chànain.

Nuair a dh'fhàg mi an sgoil aig deireadh an t-siathamh bliadhna, chuir mi seachad samhradh ann an Leòdhas. Tha m' antaidh a' fuireach faisg air Steòrnabhagh agus dh'fhuirich mi còmhla rithe. Fhuair mi obair ann an cafaidh beag, trang ann am meadhan a' bhaile. Bha mi ag obair a h-uile latha ach Là na Sàbaid. Bha mi a' tòiseachadh aig a h-ochd agus deiseil aig a còig. 'S e latha fada a bh' ann ach bha mi ag obair còmhla ri daoine laghach.

Tha an teaghlach agam a' fuireach ann an Glaschu, ach cha robh mi ag iarraidh obair fhaighinn an sin. Tha e nas dorra airgead a shàbhaladh anns a' bhaile mhòr. Ann an Leòdhas bhiodh an cothrom agam Gàidhlig a bhruidhinn na bu trice. Tha Gàidhlig aig m' antaidh agus aig mòran dhaoine eile ann an Leòdhas. A h-uile latha bha mi a' bruidhinn Gàidhlig còmhla rithe aig an taigh agus aig m' obair anns a' chafaidh. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil a' Ghàidhlig agam nas fheàrr a-nis.

Dh'ionnsaich mi tòrr a' fuireach agus ag obair anns an eilean. Anns a' chafaidh dh'ionnsaich mi sgilean a bhios feumail ann an obraichean eile – mar dèiligeadh ris a' phoball, dèiligeadh ri airgead, a' frithealadh, a' glanadh agus a' dèanamh biadh agus deoch. Bha mòran luchd-turais às an Roinn Eòrpa a' tighinn a-steach dhan chafaidh agus mar sin fhuair mi cothrom beagan Gearmaltis agus Spàinntis a bhruidhinn. Bidh na sgilean cànan a fhuair mi ann an Leòdhas gu math feumail dhomh anns an oilthigh.

Chòrd e rium gu mòr a bhith a' fuireach agus ag obair ann an àite ùr. Rinn e feum dhomh, rinn mi gu leòr airgid agus rinn mi tòrr charaidean ùra cuideachd.



**Ceistean (10 marks)**

- a) Martin talks a little about University. For which degree is he studying? **(1)**
- b) When did Martin leave school? **(1)**
- c) Martin got a job in a busy cafe in town. When did he work?  
Give a detailed answer. **(2)**
- d) Martin talks a bit about why he didn't want to get a job in Glasgow.  
Below are two reasons he mentions. Complete the statements:  
It is more difficult to \_\_\_\_\_ in the city.  
In Lewis he would have the opportunity to \_\_\_\_\_ more often. **(2)**
- e) Martin says he spoke Gaelic every day in Lewis.  
i) Give **ONE** example of where he spoke Gaelic. **(1)**  
ii) What does Martin think of his Gaelic now? **(1)**
- f) Give an example of **ONE** of the skills Martin learned in his summer job. **(1)**
- g) Martin learned a lot from his experience living and working in the Island.  
Choose the statement which best summarises his learning. **(1)**

A	Martin gained skills that will be useful in other jobs and in university.
B	Martin improved his social skills.
C	Martin improved his Gaelic, French and Spanish.

## Leughadh 3 (Learning)

***You read an article about Ceit preparing for her exams.***

Is mise Ceit Nic an t-Saoir. Tha mi còig-deug agus 's ann à Uibhist a Deas a tha mi. Tha mi air a' cheathramh bliadhna ann an Sgoil Lìoncleit ann am Beinn na Fadhla.

Am-bliadhna bidh mi a' suidhe sia deuchainnean aig ìre Nàiseanta 5. Bidh mi cuideachd a' dèanamh Àrd-ìre ann an Ceòl. Tha mi gu math measail air ceòl traidiseanta agus bidh mi a' cluich na clàrsaich, an giotàr agus am piàna. 'S e Ceòl agus Ealain na cuspairean as fheàrr leam oir tha iad furasta. Tha na cuspairean eile doirbh dhomh. Tha Dyslexia orm agus tha leughadh agus sgrìobhadh uabhasach doirbh dhomh.

Bidh mi a' fuireach ann an osdail na sgoile ann am Beinn na Fadhla Diluain gu Dihaoine. Bidh mi a' dol dhachaigh a dh'Uibhist air an deireadh-sheachdain a chionn 's gu bheil an sgoil ro fhada air falbh bhon taigh agam airson siubhal gach latha. Anns an osdail a h-uile h-oidhche eadar seachd agus ochd uairean bidh sinn a' tighinn còmhla agus a' dèanamh obair-dachaigh no leughadh. Bidh tidsear ann airson ar cuideachadh. Tha seo uabhasach feumail oir cha bhi mo phàrantan gam chuideachadh le m' obair-sgoile aig an taigh.

Bidh mi a' cleachdadh fòn-làimh gu tric airson cuideachadh le rudan ionnsachadh. Bidh mi fhìn agus na tidsearan agam a' clàradh fiosrachadh air a' fòn agam agus bidh mi ag èisteachd ri sin a-rithist agus a-rithist. Tha e fada nas fhasa dhomh na sgrìobhadh agus leughadh. Uaireannan bidh mi a' dol a-mach cuairt no a' falbh air mo bhaidhsagal agus ag èisteachd ri obair-sgoile air na fònaichean-cluais agam.

Tha mi an dòchas gun dèan mi gu math anns na deuchainnean agam. Bu toigh leam a dhol gu colaiste-chiùil ann an Glaschu an-ath-bhliadhna agus feumaidh mi Àrd-ìre ann an Ceòl airson faighinn a-steach ann.



### **Ceistean (10 marks)**

- a) In total, how many exams will Ceit be sitting this year? **(1)**
- b) What are her favourite subjects and why? **(1)**
- c) What does she find particularly difficult about her other subjects? **(1)**
- d) Ceit lives in the school hostel during the week.  
What reason does she give for this? **(1)**
- e) Every evening the pupils in the hostel have to do an hour of study together, supervised by a teacher. Why does Ceit find this so useful? **(1)**
- f) i) Explain how Ceit and her teachers make use of technology to help her study. **(2)**  
ii) Why do they do this? **(1)**
- g) What does she sometimes do? **(2)**



## Sgrìobhadh 1 (Employability)

You are preparing an application for **one** of the jobs advertised below and you write an email in Gaelic to the employer. To help you write your email, you have been given the following checklist. You must address all of the information points:

- Personal details (name, age, where you live)
- School/college/education experience until now
- Skills/interests you have which make you right for the job
- Related work experience
- Your experience of working in a team
- Your interests/hobbies that may be relevant to the post.

Use **all** of the above to help you write the e-mail in **Gaelic**.  
The e-mail should be approximately **120–150 words**.

### Taic (support)

You may use a Gaelic dictionary. You should also look at the BBC Bitesize website where you will find a step-by-step guide to writing a job application in Gaelic.

<https://www.bbc.co.uk/bitesize/subjects/zgxm39>

### Luchd-iùil ionadail AirBnB

A bheil thu a' fuireach ann an àite inntinneach?

Tha sinn a' coimhead airson daoine dealasach, fiosrachail a bheir luchd-turais air tursan coiseachd timcheall na sgìre ionadail aca.

Feumaidh tu a bhith math air bruidhinn ri daoine agus a bhith eòlach air an sgìre ionadail agad fhèin.

Bhiodh e feumail beagan Gàidhlig, Fraingis no Spàinntis a bhith agad.

Cuir thugainn cunntas-beatha agus beagan fiosrachaidh mun sgìre agad  
walkingtours@airbnb.com



### Dachaigh a' Bhàigh Neach-taic sòisealta (pàirt ùine)



Tha sinn a' coimhead airson cuideigin a thig a dh'obair mar phàirt den sgioba againn aig Dachaigh a' Bhàigh (dachaigh-cùraim seann daoine).

Feumaidh deagh sgilean sòisealta a bhith agad agus a bhith foighidneach, earbsach agus coibhneil.

Bidh thu a' cur seachad ùine còmhla ris an luchd-còmhnaidh – a' leughadh, a' cluich gheamannan, a' còmhradh riutha agus gan toirt a-mach.

Bhiodh e math Gàidhlig a bhith agad.

Airson tuilleadh fiosrachaidh no airson do chunntas-beatha a chur thugainn, cuir fios gu:

[sòisealta@dachaighabhagh.org](mailto:sòisealta@dachaighabhagh.org)



## Bòrd Turasachd na h-Alba

Neach-taic mheadhanan sòisealta (pàirt ùine)

Tha sinn a' coimhead airson neach dealasach a chuidicheas le bhith a' cur shanasan, naidheachdan agus fiosrachadh a-mach air na meadhanan sòisealta againn.

Bidh thu ag obair mar phàirt de sgioba ann an oifis no aig an taigh.

Feumaidh deagh sgilean litearrachd a bhith agad agus eòlas air na meadhanan sòisealta.

Bhiodh e feumail beagan Gàidhlig, Fraingis no Spàinntis a bhith agad.

Airson tuilleadh fiosrachaidh no airson do chunntas-beatha a chur thugainn, cuir fios gu: [soisealta@bòrdturasachdalba.com](mailto:soisealta@bòrdturasachdalba.com)

## Neach-trèanaidh (cidsin)

An toigh leat còcaireachd? Tha sinn a' coimhead airson neach dealasach a thig a dh'obair anns an taigh-bìdh thrang againn.

Bidh thu ag obair mar phàirt de sgioba an taigh bìdh; a' deasachadh biadh, a' còcaireachd agus a' glanadh sa chidsin.

Gheibh thu taic, treanadh agus tuarasdal math.

Chan fheum thu eòlas idir ach bu chòir ùidh a bhith agad ann an còcaireachd agus bèicearachd.

Cuir cunntas-beatha gu  
[manaidsear@biadhmath.org](mailto:manaidsear@biadhmath.org)



## Sgrìobhadh 2 (Learning/Employability)

Choose one of the following topics or a topic of your choice.

You should aim to write between **120 and 200 words**. Remember! The information you write does **not** need to be true. For the best results, you should try to use a range of verbs and tenses and your language should be detailed.

### Taic (support)

Use the support notes below to help you plan what to write about. You do **NOT** need to cover all bullet points. They are only suggestions. Look back over the Reading and Listening texts in this work pack to help you. You could also look at the BBC Bitesize website where there are some useful model answers.

<https://www.bbc.co.uk/bitesize/subjects/zgxm39>

Topic	Contexts	Support
An sgoil	Learning	<p>Write about school.</p> <p>You could write about any of the following:</p> <ul style="list-style-type: none"><li>• where your school is and how big it is</li><li>• the subjects you are studying this year.</li><li>• your opinions about some subjects</li><li>• What techniques you use to help your learning (eg educational apps, study aids, exercise &amp; relaxation etc)</li><li>• what after-school activities you are involved in</li><li>• your friends at school</li><li>• whether you enjoy school and why</li><li>• what you hope to achieve at the end of the year</li><li>• when you would like to leave school</li><li>• what you plan to do next year.</li></ul>
Na cuspairean as fheàrr leam	Learning	<ul style="list-style-type: none"><li>• Which classes are your favourite and least favourite &amp; why?</li><li>• What kind of learning activities do you do in these classes?</li><li>• What techniques you use to help your learning of your favourite subjects (eg educational apps, study aids, exercise &amp; relaxation etc)</li><li>• Reflect on your own learning – do you work as hard as you could etc?</li><li>• Do you plan to continue these subjects?</li><li>• Do you plan to build a career around them?</li></ul>



Topic	Contexts	Support
Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil	Learning/ Employability	Write about what you plan to do when you leave school. You could include information about: <ul style="list-style-type: none"> <li>any education, training or learning experiences you might be planning.</li> <li>the kind of job you hope to have in the future where you plan to live and why.</li> <li>Any other relevant information</li> </ul>
Greis-obrach	Employability	Write about some work experience you have had. Give some details of your duties there. <ul style="list-style-type: none"> <li>Did you enjoy it? Why?</li> <li>Did you learn any new skills?</li> <li>Is this a job you would aspire to have in the future?</li> </ul>
An obair agam	Employability	Write about a part time job you have or have had in the past. Give some details of your duties. <ul style="list-style-type: none"> <li>Do you/did you enjoy it? Why?</li> <li>Details of any new skills learned.</li> <li>Is this a job you would aspire to have in the future? Why?</li> </ul>
An obair a bu toigh leam	Employability	Write about your dream job for the future. <ul style="list-style-type: none"> <li>State the job you would like.</li> <li>Do you need particular qualifications?</li> <li>Do you need any special training or further education?</li> <li>Why are you interested in this job?</li> <li>What does the job entail?</li> <li>Where do you hope to work (location)?</li> <li>Benefits of this job</li> <li>Any downsides?</li> <li>Anything else relevant</li> </ul>





## Bruidhinn (Learning & Employability)

Prepare to talk to your teacher about one or more of the following topics. You should aim to cover at least two contexts in your conversation. Remember this is a **conversation** so you will be expected to ask your teacher some questions and respond too.

### Cuspairean (topics)

Na cuspairean as fheàrr leam

An sgoil

Greis-obrach

Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil

An obair agam

An obair a bu toigh leam

Whatever your chosen topic(s), you should be able to give some general information about yourself to start off with. For example:

- Your name, age, where you live
- A little about your family or friends

### Taic (support)

To help you, you could look back over the support notes for the writing task above, as well as the Reading and Listening tasks in this work pack. You might also use BBC Bitesize for some sample material.

<https://www.bbc.co.uk/bitesize/subjects/zgxm39>

You will be allowed to use your own brief notes to help you during the conversation. It might also be a good idea to use your phone or another device to record what you want to say in Gaelic. Listen to this as often as you can. This will help your memory and pronunciation.



# ceumannan



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
gov.scot

[www.storlann.co.uk/ceumannan](http://www.storlann.co.uk/ceumannan)